


San eagan seo:

- Dèanamh deiseil airson S1
- Ath-shuidhe dheuchainn san Lùnastal
- Dreuchdan Brightspace
- Ruigsinneachd air na h-aonadan is modalan Brightspace agad
- Duilleagan-lìn nan oileanach
- Buannachd luath


Fàilte gun chiad eagan de Naidheachdan Brightspace

Seo a' chiad eagan de litir-naidheachd a chumas na naidheachdan as ùire ribh mun eadar-ghluasad bho Blackboard gu Brightspace, an àrainneachd ionnsachaiddh ùr againn. Na dèan dàil, dèan deiseil airson seimeastar a h-aon an-dràsta!



Ag ullachadh airson seimeastar a h-aon

Mura d' fhuair thu tìde airson töiseachadh ann am Brightspace fhathast, seo an t-àite airson töiseachadh: www.uhi.ac.uk/brightspace4staff.



Tagraighean ath-shuidhe an Lùnastail


Bidh na pìosan-obrach ath-shuidhe bho dheuchainn an Òigmhios is na bùird adhartais, a bhiodh gu h-àbhaisteach air an cur a-steach ann am Blackboard, air an cur a-steach ann am Brightspace. Thèid spàsan obrach ainmichte le teamplaид shìmplidh a chur an-àird san Òigmhios do gach modal is aonad aig a bheil oilleanach ath-shuidhe. Gheibh òraidichean làn stiùireadh mu mhion-fhiosrachadh obrach a luchdachadh suas agus ceartachadh a ghabhail os làimh. Gheibh oilleanach stiùireadh air pìosan-obrach a chur a-steach ann am Brightspace agus stuthan ionnsachaiddh a luchdachadh sìos bho Blackboard. Feumaidh luchdachaidhean a-nuas tachairt ro 31 luchar nuair nach bi Blackboard ri fhaotainn às dèidh sin. Bidh Turnitin ri fhaotainn airson modalan is aonadan ath-shuidhe HE uile. Bu chòir do luchd-cleachdaidh Safe Assign post-d a chur gu edu@uhi.ac.uk airson comhairle.

www.uhi.ac.uk/brightspace4staff

www.uhi.ac.uk/brightspace4students

Buannachdan luath: lorgair ceangal briste

Tha am fuincsean 'Ceanglaichean Briste' ann am Brightspace na dhòigh luath air sgrùdadadh a bheil na ceanglaichean uile ag obair. Sa bhàr-stiùridh agad, fosgail am menu teàrnach fo Innealan Cùrsa>Rianachd Cùrsa> fuincsean 'Ceanglaichean Briste'. Suidhich na paramadairean sgrùdaidh aig mullach na duilleig agus cliog air cuir-an-gníomh. Chì thu a-nis ceanglaichean briste sam bith a dh'fhaodadh a bhith an lùib a' chùrsa agad agus gheibh thu air an càradh san raon shusbaint. Math airson an t-susbaint imrichte agad a sgrùdadadh.




Ruigsinneachd air na h-aonadan is modalan Brightspace agad

Ma tha thu air cothrom iarraidh gu sligean faladh no imrichte, bu chòir dhut a-nis a bhith comasach air am faicinn tro dhuilleag-dachaigh Brightspace. Log a-steach an-dràsta agus dèan sgrùdadadh. Mura faic thu an fheadhainn a dh'iarr thu uile, tog tiogaidh choitcheann Deasg Seirbheis Brightspace. Mura h-eil thu air cothrom iarraidh fhathast, feumaidh tu sin a dhèanamh sa bhad a' cleachdad.


[Brightspace access or migration request tickets](http://www.uhi.ac.uk/brightspaceaccessormigrationrequesttickets)

Dreuchdan Brightspace

Is e aon de fheartan Brightspace comas air dreuchdan cleachdaidh a mhìneachadh agus ceadan sònraichte a riachadh. Bidh dreuchd 'Stìuiriche' aig Stìuirichean Mhodalan ceum uile. Ann an raointean phrògraman, bidh dreuchd 'Stìuiriche' aig an Stìuiriche Prògram. Bidh dreuchd 'Òraidiche' aig an luchd-teagaisg uile a tha a' teagasg a' mhodail ach aig nach eil uallach airson a' mhodail no cùrsa. Tha ceadan an Stìuiriche agus an Òraidiche co-ionann ach a-mhàin gu bheil comas aig an Stìuiriche a' bhratach atharrachadh. Seo tuairisgeul goirid mu chuid de na dreuchdan – bidh dreuchdan eile air an cruthachadh mar a bhios feum orra; m.e. tha sinn ag obair air dreuchd sgrùdaiche bhon taobh a-muigh.



- **Cuidiche teagaisg:** pàirt den sgioba teagaisg ann an dreuchd taic. Tha na h-aon cheadan aca ri Òraidichean ach cuidichidh an t-eadar-dhealachadh sinn ann an rianachd agus conaltradh a thaobh chùisean co-cheangailte ri Aonadan, Modalan agus Cùrsaichean.
- **Ceartaiche:** a thuilleadh air an sgioba teagaisg. Còraichean air susbaint a-mhàin fhaicinn. Cothrom air obair oilleanach is innealan rangachaiddh. Comasach air comharran is beachdan a chur ris. Tha seo airson dàrna cheartaichean agus luchd-dearbhaidd air an taobh a-staigh.
- **Leabharlannaiche:** ag obair le Stìuirichean Phrògraman, tha ruigsinneachd aca do spàsan phrògraman buntainneach airson dleastanasan leabharlainn.
- **Aoigh (leugh a-mhàin):** cothrom leughaidh a-mhàinn air aonad/modal. Chan eil ruigsinneachd gu dàta oilleanach. Airson PATS, rannsaichean foghlaim, roinn deagh chleachdad, ath-sgrùdadadh chomhaoisean no eòlas air a' mhodail. Chan eil cothrom air raointean rangachaiddh agus ceartachaidh.



Duilleagan-lìn oilleanach Brightspace

Tha iomairt adhartachaidh ann an gníomh gus a dhèanamh cinnteach gum bi eadar-ghluasad gun strì bho Blackboard gu Brightspace.

Thatar a' brosnachadh oilleanach gu cothrom a ghabhail air duilleagan-lìn oilleanach airson an fhiosrachaidh as ùire.